



Lèirmheas 2014

Cruinneachaidhean le cliù mhaireannach

Tha na beagan bhliadhna chan a dh'fhalbh air a bhith le atharraichean mòra nan lùib; leis an uabhas obrach ga dèanamh a' leasachadh nan taighean-tasgaidh againn, le innleachdas ga chur an gnìomh nar dèiligeadh ri luchd-tadhail agus le modhan ùra againn 'son libhrigeadh sheirbheisean chun a' phobaill taobh a-muigh ar taighean-tasgaidh. Aig cridhe nan leasachaidhean seo tha na cruinneachaidhean againn; làn tasgaidhean iongantach de sgeulachdan cumhachdach air a bheil daoine bho air feadh na h-Alba is an t-saoghal a' cur meas mòr.

Anns an lèirmheas seo, tha sinn a' coimhead ri mar a tha na cruinneachaidhean seo - air an cur ri chèile thairis air dà cheud bhliadhna - fhathast a' brosnachadh rannsachadh, ionnsachadh agus cheanglaichean eadar-nàiseanta.

Tha na taighean-tasgaidh gam maoineachadh le taic fhialaidh bho mheasgachadh mòr de bhuidhnean agus dhaoine fa leth. Bidh dà phròiseact mhòr chalpa aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba is aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itéalaich a' taisbeanadh chruinneachaidhean ann an dòighean ùra, le eadar-mhìneachadh inntinneach ga dhèanamh air miltean de thasgaidhean nach fhacas leis a' phoball bho chionn bhliadhna chan mòra.

Tha e air a bhith comasach dhuinn cumail oirnn nar n-obair a' glèidheadh ar tasgaidhean agus a' cruthachadh barrachd chothroman air ar cruinneachaidhean fhaicinn; le ionadan stòraidh fior ùr-nodha againn aig Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh agus adhartas mòr ga dhèanamh chum na cruinneachaidhean a chur ann an cruth didseatach.

A' coimhead air adhart, tha sinn ag amas ri barrachd thaisbeanaidhean a bhith ann a bhios stèidhte air cuspairean a bhuineas do dh'Alba an dèidh soirbheachas mòr an taisbeanaidh *Màiri, Banrigh na h-Alba*. Bidh sinn cuideachd a' togail cheanglaichean nas treasa le taighean-tasgaidh air feadh na cruinne, is sinn a' cur ro-innleachd eadar-nàiseanta an gnìomh.

Tha sinn air ar dòigh gu bheil ar lèirsinn 'son nan taighean-tasgaidh is cruinneachaidhean a' brosnachadh na h-uibhir de luchd-taice, agus tha soirbheachas nan taighean-tasgaidh gu mòr an urra riutha agus ris a' mhisneachd, chuideachadh is choibhneas air an toirt seachad leotha. Tha sinn fada an comain na taic' maireannaich a tha sinn a' faighinn bhuapa.

Brus Minto, Cathraiche

An Dr Gòrdan Rintoul CBE, Stiùiriche

Cudrom eadar-nàiseanta

Tha am plana mòr luach £80m aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air leasachadh mòr a dhèanamh air an làraich mar-thà, is an taigh-tasgaidh air aithneachadh a-nis mar fhear aig a bheil fior chliù eadar-nàiseanta agus mar ionad a tha a' tarraing barrachd luchd-tadhail na àite-tadhail sam bith eile taobh a-muigh Lunnainn. Tha gu leòr againn ri dhèanamh fhathast, ge-tà.

Tha sinn a' cruthachadh deich gailearaidhean ùra a nì taisbeanadh air cruinneachaidhean aig a bheil cliù eadar-nàiseanta sna h-ealainean maiseach, agus a thaobh dealbhadh, fasan, nan saidheansan is teicneòlas.

Le dearbhadh mun taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta agus bho Riaghaltas na h-Alba, rinneadh tòiseachadh foirmeil air a' phròiseact luach £14m seo tràth as t-samhradh 2014; leis an obair a' tòiseachadh an uair sin aig an làraich a' pacadh, a' catalogadh agus a' gluasad thasgaidhean a bha gan taisbeanadh.

Thàinig deagh naidheachd eile as t-fhoghar 2014 le maoineachadh £1.3m bhon Urras Wellcome gus sia gailearaidhean saidheans a chruthachadh còmhla mar ionad mòr a' taisbeanadh nan saidheansan don phoball ann am Breatainn agus nas fhaide air falbh. Cuiridh an taic seo fòcas sònraichte air na saidheansan bith-mheidigeach.

Le sreach ùr de thasgaidhean ùra, àrd-inbheach gan ceannach, curridh iad seo gu mòr ris na taisbeanaidhean sna gailearaidhean ùra; le nithean leithid an *Cloud Cabinet* miòrbhaileach dèanta às fiodh-malpais (air a' chòmhdaich 's an duilleig chòmhdaich a-staigh). Cheannaicheadh seo le taic fhialaidh bhon Mhaoin Ealain is bho Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, pìos àirneis bho dheireadh na 19mh linn a thàinig às co-obrachadh eadar an neach-dealbhaidh Eideard Uilleam Godwin agus am peantair Seumas Abbot MacNeill Whistler.

Tha dà ghailearaidh eile gan cruthachadh a dh'fhosglas ann an 2018 a' taisbeanadh chruinneachaidhean mòra de thasgaidhean on Èipit Àrsaidh agus bho Àisia an Ear. Tha an dà chruinneachadh seo cudromach aig ire eadar-nàiseanta agus iad am measg an fheadhainn as luachmhòr ann am Breatainn.

Tha i air a bhith na bliadhna mhòr dhuinn a thaobh phlanadh is sinn air taisbeanaidhean a chruthachadh 'son nan gailearaidhean ùra, air modhan-obrach ùra fheuchainn air luchd-tadhail, air obair a dhèanamh a' dealbhachadh cumadh an togalaich agus adhartas a dhèanamh a chum togail airgid. Ma tha thu airson taic a thabhairn, feuch is cuir fios chun an sgioba leasachaidh air 0131 247 4095 no development@nms.ac.uk

Buaidh

Chuir sinn crìoch air a' phròiseact 'Taighean-tasgaidh mar Innealan Atharrachaidh' a bha gu math soirbheachail le fosgladh an taisbeanaidh *An Dr Mac an Lèigh an Duine Fhèin!* aig Taigh-tasgaidh Chichiri ann am Malawi. Choilean am pròiseact seo, a fhuair taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba, dà amas chum leasachadh sgilean agus togail inbhe sheirbheisean an taigh'-thasgaidh. Chunnacas àrdachadh 35% air an àireamh dhaoine a' tadhair air taigh-tasgaidh Chichiri ri linn an taisbeanaidh.

Àrd Fhasan

Dh'fhastaidh sinn brògan leathair is mionca gun sàilean a rinneadh le Alasdair MacCuinn airson taisbeanadh sa ghailearaidh *Fasan is Stoidhle* a tha a' fosgladh ann an 2016. Tha na brògan sònraichte seo a' nochdadadh dòigh-dhealbhaidh àraighe, ùr-ghnàthaichte MhicCuinn.

Cruinneil

Chaidh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ainmeachadh mar an taigh-tasgaidh as fheàrr ann am Breatainn aig na ciad duaisean 'Travellers' Choice' leis an làraich-lìn TripAdvisor. Chaidh an taigh-tasgaidh cuideachd a thaghadh mar an Ionad Mòr as Fheàrr aig Duaisean nan Tachartasan Albannach agus chaidh a mholadh leis na britheamhan mar àite "àlainn, iol-chomasach, drùidteach agus suaicheanta".

Tarraingeach

Le grunn tachartasan stèidhte air beatha air an tuath, chaidh mìltean de luchd-tadhail a tharraing chun an Taigh-tasgaidh Nàiseanta air Beatha Dhùthchail. Ann an 2014, thug luchd-cluich Chrannchur a' Chòd Phuist taic don phrògram eadar-mheasgte; a' gabhail a-steach na Fèille Dùthcha agus Fèille nan Each Troma.

Ainmeil

Chuir am BBC an t-sreath phrògraman ùra air ealainean air bhog aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean 2014. Chaidh am prògram a phreseantadh le Will Gompertz (Neach-deasachaidh Ealainean a' BhBC) agus a shealltann air feadh Bhreatainn air BBC2.

Ulaidhean

Chaidh cruinneachadh de dh'fhòr thasgaidhean Ming, a' gabhail a-steach Ulaidhean Nàiseanta bho Thaigh-tasgaidh Nanjing, a shealltann san aon tachartas am Breatainn den taisbeanadh *Ming: An Iompairreachd Òir* a fhuair taic bho Baillie Gifford Investment Managers. Am measg nan ulaidhean as tarraighe bha an cicada òir ghrinn air muin duilleig seada.

Tagradh

Chùm sinn ar ciad cho-labhairt air co-nbrachadh eadar-nàiseanta às leth roinn nan taighean-tasgaidh ann an Alba. Aig a' cho-labhairt 'Going Global' bha òraidichean bho Riaghaltas na h-Alba, Chomhairle Bhreatainn agus Chomhairle Eadar-nàiseanta nan Taighean-tasgaidh. B' e 'tagradh cultarail' priomh chuspair na co-labhairt is sinn a' cur fàilte air riochdairean às Siona, às na h-Innseachan, às an Ruis agus à dùthchannan a' Cho-fhlaitheis.

Thugadh tasgaidhean priseil bhon 'Skaill Hoard' seachad air mìl do Thaighean-tasgaidh is Tasglannan Shealtainn a' comharrachadh fosgladh co-labhairt eadar-nàiseanta air na Lochlannaich anns na h-Eileanan. Thugadh cuid dhe na h-ulaidhean seachad cuideachd do Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Éireann airson taisbeanadh air Cath Chluain Tarbh.

Com-pàirt

Chuireadh ainm an Taigh'-thasgaidh ri Meòrachan le Oilthigh Dhùn Èideann mar aithne air a chàirdeas fhada eadar an dà bhuidhinn agus e gu bhith na stiùireadh 'son co-nbrachadh eatorra. Ann an dealbh gu h-àrd tha Sir Timothy Ó Sé, Prionnsapal is Leas-sheansailear agus an Dr Gördan Rintoul, Stiùiriche.

Àrd-amasach

Tha sinn ri obair mhòr aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na-Itéalaich a' dèanamh suas às ùr dà hangar bho àm an Dàrna Chogaidh agus a' cruthachadh ionadan taisbeanaidh ùra a bhios araidh air na cruinneachaidhean cudromach itealaich a thaisbeanadh.

Cuiridh am pròiseact seo - a bhios deiseil ann an 2016 agus a chosg £3.6m le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta - ri cliù an àite mar aon de na taighean-tasgaidh itealaich as cudromaich agus as tarrraighe san Roinn Eòrpa.

Le obair ath-nuadhachaidh ga dèanamh air dà shàr eisimpleir de hangaran bho na 1940an curidh seo na hangaran ann an deagh staid airson an ama ri teachd is iad le eadar-mhìneachadh ùr agus taisbeanaidhean togarrach nam broinn. Am broinn nan hangaran, bidh siostaman teasachaидh de dh'èifeachdais lùtha a tha a' tarrraig teas às an talamh; na rud ùr airson Raon-adhair East Fortune (a tha clàraichte mar Làrach Àrsaidh). Ri linn nan leasachaidhean a rinneadh air àrainneachd na làraich, bidh e comasach taisbeanadh a dhèanamh air nithean sònraichte a tha an-dràsta gan stòradh; leithid èididhean, dealbhan-camara agus teicneòlas a bhuineas do dh'eachdraidh itealaich. Bidh sgeulachdan inntinneach an lùib nam prògraman clastinneach-lèirsìnneach a bhios ri fhaighinn ann.

1.6m a' tadhail air ar làraich-lìn. Rinneadh ùrachadh air an làraich-lìn as t-samhradh 2014 le obair-leasachaидh ga dèanamh freagarrach dha clàran-didseatach agus dha fònaichean-làimhe,

2.5m a' tadhail air na taighean-tasgaidh againn ann an 2013-14, a' bhliadhna bu soirbheachail a bh' againn a-riamh.

22,000 tasgaidhean gan cuir ann an cruth didseatach airson a dhol air an làraich-lìn againn, 50% barrachd na an-uiridh. Bheir seo cothrom dha tòrr a bharrachd dhaoine nithean sònraichte leithid am bòrd-coimpiutair seo ann an Apple 1 bho 1976 fhaicinn.

£370,000 ga chosg air ceannach thasgaidhean ùra dha taighean-tasgaidh ionadail le taic bhon Mhaoin Nàiseanta airson Ceannach Thasgaidhean às leth Riaghaltas na h-Alba. Thug a' mhaoin seo - a chomharraich 60 bliadhna an 2013 - taic luach £150k sa bhliadhna chum ceannach thasgaidhean ann an 17 de na 32 sgìrean ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Nam measg bha £9,200 do Thaigh-tasgaidh Bhaile Dhubhthaich is na Sgìre airson copan tearc airgid a rinneadh mu 1710 le Ùisdean Ross.

1.1b cothroman gan cruthachadh sna meadhanan dha daoine gus faicinn, leughadh no cluinntinn mu dheidhinn ar taighean-tasgaidh, prògraman agus cruinneachaidhean. Chaith filmeadh a dhèanamh aig ar taighean-tasgaidh airson a' phrògram Co-fharpais Dealbhadair-duine na Blìadhna Bhreatann le Frank Skinner a chraoladh le Sky Arts.

185,000 a ghabh pàirt ann am prògraman ionnsachaidh air feadh ar taighean-tasgaidh bho fhigheadh clòimhe aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta air Beatha Dhùthchail gu rannsachadh eachdraidh chogaidh theaghlaichean aig Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta na h-Alba.

£6.1m ga chruthachadh mar theachd-a-steach ann an 2013-14, 19% de ar teachd-a-steach gu lèir. Tha seo na phàirt de dh'iomairt ro-innleachdail chum teachd-a-steach a chruthachadh dhuinn fhìn tro iomairtean coimearsalta, goistidheachd agus togail-airgid.

2,600 tasgaidhean bho ar cruinneachaidhean gan cuir a-mach air màl air feadh Alba agus gu dùthchannan thall thairis. Bha a' bhràist airgid (air an deas-làimh) a rinneadh ann an 1843 na pàirt de sreach nithean a thugadh seachad air màl don thaigh-thasgaidh Otago Settlers Museum ann an New Zealand airson taisbeanadh air dearbh-aithne Albannach, eilthireachd agus beatha an Dunedin.

65,000 sgoilearan a' tadhail air ar taighean-tasgaidh an 2013-14 agus 2,700 sgoilearan a bharrachd a' faighinn a-mach mu Mhàiri, Bànrig na h-Alba, Lochlannaich, Ròmanach, Èiphit Àrsaidh, mu dhòineasairean agus mun Chiad Chogadh le craobh-sgaoileadh beò gu seòmraichean sgoile bho Shealtainn gu Dùn Phris tron t-siostam GLOW TV aig Foghlam Alba, eadra-lion nan sgoiltean.

12,000 a chunnaic plèanaichean ri cleasachd san adhar aig an Fhèill Itealaich bhliadhnaile aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich.

A' dùsgadh brosnachadh

Le brosnachadh bho na cruinneachaidhean againn, tha sinn a' tarraing diofar seòrsa dhaoine aig diofar aoisean chun a' phrògram shònraichte againn de thachartasan is thaisbeanaidhean aig ar taighean-tasgaidh.

Thàinig barrachd dhaoine na riamh a thadhail air na taighean-tasgaidh an 2013-14 le 2.5m tursan-tadhail gu na diofar làraichean againn, le 230,000 aig na taisbeanaidhean sealach agus 185,000 a' dol an sàs sna prògraman ionnsachaiddh againn.

Chaidh prògram mòr poblach a chruthachadh gus rannsachadh, tlachd is brosnachadh a spreig am measg dhaoine; bho thaisbeanaidhean mòra leithid *Màiri, Banrigh na h-Alba* ag amas air luchd-tadhail cultarail gu tachartasan às dèidh uairean fosglaidh an taigh-thasgaidh dha daoine òga.

“Chòrd e rinn glan an cothrom fhaighinn cumhachd uisge a chruthachadh dhuinn fhìn.”

Fhuair sgoilearan àrd-sgoile air feadh Alba brosnachadh bho na cruinneachaidhean againn a dhol a lorg fuasglaidhean air deuchainnean saidheansail a thaobh fheumalachdan cumhachd san àm ri teachd tro phròiseact innleachdail le taic bhon ScottishPower Foundation.

Ghabh barrachd is 350 sgoilearan pàirt sa phrògram ‘Get Energised’ ag obair còmhla ri eòlaichean bho shaoghal nan saidheansan is einnseanaireachd ann an sleath de làithean deuchainneach ag amas air fuasgladh fhaighinn air dùblain shaidheansail mu choinneamh cumhachd ath-nuadhachail, cumhachd na gréine, an uisge, na gaoithe agus nan tonn.

Chaidh am prògram a chruthachadh gus sgoilearan a tha a' dèanamh fiosaigs, teicneòlas, einnseanaireachd agus matamataig a bhrosnachadh a dhol air adhart gu obair sna saidheansan is an teicneòlas. Tha am prògram le dòighean ùra na lùib airson daoine òga a tharraing a dhol an sàs ann an gailearaidh ùr air a bheil *Energise*, fear de dheich ghailearaidhean a' fosgladh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an 2016, a' gabhail a-steach sgeulachd gnìomhachas nan cumhachdan ath-nuadhachail ann an Alba.

A bharrachd air na taighean-tasgaidh againn, ghabh daoine òga air feadh Alba pàirt anns a' phròiseact 'Scotland Creates: A Sense of Place'; is iad a' cruthachadh thaisbeanaidhean dhaib' fhèin le brosnachadh bho ar cruinneachaidhean, a' comharrachadh nan àitean sa bheil iad a' gabhail còmhnaidh. Chaidh na toraidhean a thaisbeanadh aig taighean-tasgaidh sna h-Eileanan Siar, Siorrachd Inbhir Àir, Grianan agus Dùn Dè mas tàinig iad cruinn còmhla aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba as t-samhradh 2014. Chaidh sinn cuideachd an sàs an co-obrachadh le Ballet na h-Alba, Live Music Now, luchd-ealaín, eòlaichean-dannsa agus filmeadairean ann am pròiseact dà-bhliadhna a fhuair taic bhon Esmée Fairburn Foundation agus Alba Chruthachail.

Chuir sinn airgead an sàs an libhrigeadh didseatach; ag eadar-mhìneachadh chruinneachaidhean agus a' ruiginn air daoine nach eil comasach a thighinn a thadhail air na taighean-tasgaidh fhèin. Thàinig 8% a bharrachd a thadhail air an làraich-lìn againn, le sùil againn gun tig àrdachadh air seo le barrachd thasgaidhean gan cur ann an cruth didseatach, le stuth nas tarraingiche air an làraich-lìn agus i air a h-ùrachadh agus a chuir air bhog ann an 2014 mar tè a fhreagras air fònaichean-làimhe agus air clàran-didseatach. Bha ar gèama air-loidhne, a bha stèidhete air an taisbeanadh *Ailbheanan Molach bhon Linn-eighe*, gu h-àraighe tarraingeach.

Thàinig 44,000 chun an taisbeanaidh Dealbhaidear Camara Fiadh-bheatha na Bliadhna aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Lorgan inntinneach, iongantach

Ghabh 130,000 duine pàirt ann an deuchainnean saidheans, òraidean, deasbadan agus bùithtean-obrach aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich mar phàirt de dh'Fhèis Shaidheansail Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann.

Thig piseach mòr air na cothroman dha daoine a thaobh rannsachadh, glèidheil is ionnsachadh le ath-leasachadh ga dhèanamh air Ionad Cruinneachaidh Nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Le taic bho Riaghaltas na h-Alba, tha còrr is 2.4m tasgaidhean gan gluasad bho thogalaichean mi-fhreagarrach gu goireasan ùr stòraidh aig làrach ann an ceann a tuath Dhùn Èideann. Bidh an t-ionad seo a' gabhail a-steach nithean a bhathas a' cumail aig Taigh na Cusbainn Lite agus ann am Port Edgar. Tron a' phròiseact £12m seo, bidh e comasach dhuinn ar n-àrd-amas a choileanadh gun tèid ar cruinneachaidhean gu leir a chumail aig aon làraich. Tro phròiseact eile luach £2.8m, fosglaidh goireasan glèidhidh ùra eile as t-samhraidh 2016.

Tha an obair ath-òrdachadh mhòr seo ga dèanamh maille ri oidhirpean chum gus fòcas a bharrachd a chur air rannsachadh. Thàinig còrr is ceud foillseachadh (sgrùdaichte le co-sgoilearan) agus grunn co-nbrachaidhean às a' phrògram rannsachaiddh an 2013-14, a' dèanamh inneas air neart agus farsaingeachd ar cruinneachaidhean.

Ag obair ann an co-bhuinn le taighean-tasgaidh ann an Glaschu, Obar Dheathain agus Peairt, rinneadh sgrùdadh air Cruinneachaidhean a' Chuain Shèimh ann an Alba gus tuigse nas fheàrr a bhith ann air na cothroman nan lùib, gus clàradh a dhèanamh air na sgeulachdan a bhuiheadh do na tasgaidhean agus gus sònchrachadh chothroman air rannsachadh ùr. Fhuair am pròiseact taic bho Mhaoin Chruinneachaidhean Esmée Fairbairn, air a ruith le Comann nan Taighean-tasgaidh.

Bidh cruinneachadh gun samhail de dh'fosailean Albannach, cruinneachadh a ghlèidh sinn airson na dùthcha ann an 2013 le maoineachadh bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir, le fòcas ga chur air tro cho-rannsachadh ceithir bliadhna le Suirbhidh Geòlach Bhreatainn ann an co-bhuinn le Oilthigh Leicester, Cambridge is Southampton. Tha na fosailean le beartas chothroman rannsachaiddh aig ire eadar-nàiseanta nan lùib is iad a' dol air ais gu tè dhe na linntean as cudromach ann am mean-fhàs na cruinne, bho chionn 360 gu 340 millean bliadhna; nuair a għluais ainmhidhean le cnàimh-droma bho uisge gu talamh. Tha an rannsachadh seo ga mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaiddh na h-Àrainneachd Nàdarra.

Am measg ar co-nbrachaidhean àrd-ìre tha sinn air sàr-eòlaichean saidheans fhastadh gu Pannal Comhairleachaidh air Saidheans is Teicneòlas gus stiùireadh a thoirt dhuinn agus sinn a cruthachadh sia gailearaidhean ùra air saidheans is teicneòlas agus prògraman poblach co-cheangailte riutha aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Tha an compàirteachas ùr-ghnàthaichte sia-bliadhna leis a' chompanaidh uisge-bheatha Ghleann Mòr Innse air fiosrachadh ùr a thoirt dhuinn air beatha muinntir na h-Alba tràth sna Meadhan Aoisean. Chaيدh arc-eòlaichean an sàs le luchd-ealain is luchd-ceàird a dh'ath-chruthachadh nithean bhon àm seo gus tuigse a bharrachd a bhith againn air linn ann an Alba nuair a chaيدh nithean soifiostaigeach is ealanta, clachan snaichte agus làmh-sgriobhainnean a chruthachadh. Chaيدh toraidhean na h-obrach seo a shealltainn aig an taisbeanadh Spiorad Cruthachail: *Alba Tràth sna Meadhan Aoisean* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Sgeulachdan cumhachdach

Tha na cruinneachaidhean againn a' toirt chuspairean eadar-nàiseanta beò dha daoine aig gach aois; cuspairean leithid cuimhneachadh ciad bliadhna bhon Chiad Chogadh thairis air na ceithir bliadhna ri teachd. Chuireadh prògram mòr de thachartasan, thaisbeanaidhean is ghnothaichean didseatach air bhog an 2013 a' comharrachadh seo.

Tha mòran dhe na nithean sna cruinneachaidhean airson a' Chiad Chogaidh le fior bhuntanas beò do thachartasan a tha air a dhol às cuimhne dhaoine ciad bliadhna às dèidh a' chogaidh. Tha am prògram-comharrachaidd - a bhios ann thairis air na h-ath cheithir bliadhna - a' toirt inneas air cuimhneachan muinntir na h-Alba air tachartasan mòra, cruth-atharrachail a' Chogaidh Mhòir dha luchd-tadhail à Alba agus bho thall-thairis.

Bha am prògram na phàirt de Chompàirteachas Cuimhneachaidd a' Chiad Cogaidh a fhuair taic bho Phannal Cuimhneachaidd Riaghaltas na h-Alba agus chaith a chur air chois aig Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta na h-Alba aig Caisteal Dhùn Èideann, le fosgladh taisbeanadh sònraichte air an robh 'Next of Kin'.

Tro thaghadh de dh'ulaidhean teaghlaichean, tha an taisbeanadh seo ag innse sgeulachdan domhainn, pearsanta agus a' beachdachadh air an dòigh sa bheil luchd-gràidh gan cuimhneachadh. Thèid e timcheall ochd àitean ar feadh Alba bho 2015 gu 2017 le goireasan didseatach is ionnsachaidd gan cruthachadh le taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir agus bho Riaghaltas na h-Alba.

Tha prògram farsaing de dh'òraidean, thachartasan is ghnìomhan dha sgoilearan agus dhan phoball mu dheidhinn a' Chiad Chogaidh ann fhathast aig Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta na h-Alba agus aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Airson barrachd fiosrachaidh theirig gu www.nms.ac.uk/centenary

Thèid an taisbeanadh *Next of Kin* air turas gu Taigh-tasgaidh is Camera Obscura Dhùn Phris, gu Gailearaidhean Taigh Rozelle ann an Siorrachd Inbhir Àir a Deas, gu Taigh-tasgaidh Hawick, Taigh-tasgaidh Low Parks ann an Siorrachd Lannraig a Deas, Taigh-tasgaidh Còmhdhail Roinn a' Mhonaidh, Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Ealain Inbhir Nis, Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Ealain Pheairt, Caisteal is Taigh-tasgaidh nam Freiceadan Dubha agus Taigh-tasgaidh Arcaibh.

Tha ar ciad phrògram eadar-obrachail iPad airson an taisbeanaidh *Next of Kin* a' leigeil fhaicinn nithean a tha ro bhrisg, lag airson taisbeanadh an taigh-tasgaidh. Mar eisimpleir, chìtheart duilleagan de dhealbhan-làimh air leth agus notaichean làimhe bho leabhran ainmean-sgriobhaidh a bh' aig banaltraim .

Thàinig còrr is 33,000 duine a rannsachadh sgeulachdan eilthireach à Alba agus dùthchannan a' Cho-Fhlaitheis tron Chiad Chogadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba as t-samhradh 2014. Anns an taisbeanadh *Common Cause: Commonwealth Scots and the Great War* bha tasgaidhean fior smaointeachail a fhuaireadh air màl bho thaighean-tasgaidh ann an Canada, Afraga a Deas, Astràilia agus New Zealand. Fhuair an taisbeanadh taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba mar phàirt den Bhliadhna Tighinn Dhachaigh 2014.

Le buidheachas

Tha sinn a' tort taing mhòr don iomadach urras, caidreachas, buidhnean-taice corporra agus luchd-taice fa leth is iad cho fialaidh nan tabhartasan do Thaighean-Tasgaidh Nàiseanta Alba thar na bliadhna a chaidh seachad.

Na Prìomh Bhuidhnean Maoineachaidh

Maoin a' Chrannchuir Nàiseanta

Riaghaltas na h-Alba

Urrasan agus Buidhnean Eile

The Art Fund

Association for Roman Archaeology Fund

Barcapel Foundation

The Binks Trust

Bòrd na Gàidhlig

British Academy/Leverhulme Trust Small Research Grant

Craft Scotland

Alba Chruthachail

Dunard Fund

Esmée Fairbairn Foundation

The European Community Moray LEADER 2007–2013 programme

The Fidelity UK Foundation

Gordon and Ena Baxter Foundation

Historic Scotland The Inches Carr Trust

The Margaret Murdoch Charitable Trust

Marine Productivity Programme

The Misses Barrie Charitable Trust

Museums Association – The Esmée Fairbairn Collections Fund

NADFAS Scotland & Northern Ireland Area

Nancie Massey Charitable Trust

National Museums Scotland Charitable Trust

Natural Environment Research Council

New Zealand Lottery Grants Board

The PCG Charitable Trust

Players of People's Postcode Lottery

The Robertson Trust

The Ronald Miller Foundation

The Royal Society of Edinburgh (Scottish Government Arts and Humanities Workshops)

ScottishPower Foundation

Society of Antiquaries of Scotland

Strathmartine Trust

The Wellcome Trust

Welsh Family Trust

Dileabhan is Daoine Fa Leth

Patricia Barclay

Sir Sandy and Lady Crombie

The Late Agnes J Cruickshank

James Ferguson

The Late Ian J Fleming

Kenneth and Julia Greig

Sir Angus Grossart and Lady Grossart

The Dowager Duchess of Hamilton

E & I Jamieson
Barrie and Janey Lambie
Andy Macfie
The Late Mary E Mackenzie
Alan and Anne McFarlane
The Late Moira McGovern
Kenneth McKelvey
Murdoch McKillop
Angus McLeod and Campbell Armour
The Late May P Nicol Alexander Porteous
June Rutherford
Barry and Helen Sealey
George and Moira Stewart
Ian and Flora Sword
David and Terri Warnock

Taic Chorporra

Baillie Gifford Investment Managers
Diageo
The Glenmorangie Company Ltd
Zalando GmbH
Corporate Members
Allander Print Ltd
Artemis Investment Management LLP
Brewin Dolphin Ltd Diageo
First State Investments The Miller Group Ltd

Luchd-taice

Alan and Karen Aitchison
Geoffrey and Mary Ball
Patricia Barclay
Malcolm Bowie
Terry Brewis
Jennifer, Marchioness of Bute
Lord Cameron of Lochbroom and Lady Cameron
Corinne Cervetti and Adam Fowler
Douglas and Marjorie Connell
Janice Dickson
Sir David and Lady Edward
Sir Gerald and Lady Elliot
Nick Felisiak
Mr Justice Angus Foster and Dr Fiona Foster
Sir Charles and Lady Fraser
James and Amanda Garden
Gavin and Kate Gemmell
Lord and Lady Gordon of Strathblane
Ronald and Mirren Graham
Lady Grant
Alexander Gray
Ivor Guild
Rosemary Haggarty
Donald Hardie
J Douglas Home
The Earl and Countess of Hopetoun

Flora Hunter
Barrie and Janey Lambie
Roger Lindsay of Craighall
Duncan and Ellie MacKinnon
Simon and Catriona Mackintosh
Fenella Maclean
Sir Hamish and Lady Macleod
Chris and Gill Masters
Alexander and Elizabeth McCall Smith
Miller and Anne McLean
Angus McLeod and Campbell Armour
Professor Malcolm McLeod
Sir Ronald and Lady Miller
James and Iris Miller
Derek and Maureen Moss
Malcolm and Muriel Murray
Tom and Susan Murray
Nicholas and Julia Parker
Elisabeth Phimister
Sir William Purves and Lady Rebecca Purves
Ian Rankin and Miranda Harvey
Shirley Richardson
Paul Roberts and Stephanie Donaldson
The Earl and Countess of Rosebery
Colin and Hilary Ross
June Rutherford
Barry and Helen Sealey
Baroness Smith of Gilmorehill
Frances and Alan Steel
George and Moira Stewart
Ian and Flora Sword
Ian Tudhope and Lindy Patterson
Dr Mark Urquhart
Max Ward and Lady Sarah Ward
Elizabeth Whitelaw
Graham Whyte and Sarah Whitley
Lord and Lady Wilson of Tillyorn
Eilidh Wiseman
Bill Zachs and Martin Adam

An Caidreachas Ameireaganach de Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Kate and Gordon Baty
Prudence E Carlson
Howard and Ursula Dubin Foundation
Charles A Edwards
Jeb and Dianne Embree
Mrs Alexander Hehmeyer
James E Jewell
Rev Andrew M Jergens
David L Kerr
James B Luke
William C MacLeod
Mr and Mrs Robert McCrie
The Negaunee Foundation

Walter and Norma Nimmo
Ellsworth G Stanton III
Stephen and Ellen Thomas
Jane Trevarthen-Traub

Agus dhan fheadhainn nach robh airson an t-ainm aca fhoillseachadh

Bu mhath leinn cuideachd ar taing a thoirt don uamhas dhaoine a thug seachad comhairle, teòmachd is taic dha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba.

Urrasairean

Brus Minto, Cathraiche
An t-Ollamh Christopher Breward
An Dr Iseabail Bhrus OBE
Gòrdan Druiminn
Chris Mac an Fhleisteir
An Dr Anna Ghriogair CBE
Anndra Holmes
An Dr Brian Lang
Lynda Logan
An Dr Catriona NicDhòmhnaill
Miller MacIII Eathain
An t-Ollamh Walter Nimmo CBE
Seumas Troughton
Iain Watt
Eilidh Wiseman

Bòrd Iomairtean Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Gòrdan Druiminn, Cathraiche
Seòras Edwards
Brus Minto
An Dr Gòrdan Rintoul CBE
Dàibhidh Spilsbury
Julie Wilson

Am Bòrd Leasachaidh

Calum Offord, Cathraiche
Cailean Dempster
Mìcheal N Laing OBE
Lynda Logan
Brus Minto
An t-Ollamh Walter Nimmo CBE
Leith Robasdán
A' Bh-uas Shona D Stiùbhart
Eric Young

Pannal Comhairleachaidh air Saidheans is Teicneòlas

An t-Ollamh Màiri Bownes OBE
An Dr Sim Gage OBE
An t-Ollamh Iain Oberlander
Heather Reid OBE
An Dr Iain Ritchie CBE

An t-Ollamh Sir Iain Savill
An t-Ollamh Wilson Sibbett
An t-Ollamh Chris van der Kuyl
An t-Ollamh Graham Wren

Bòrd-stiùiridh a' Chaidreachais Ameireaganaich de Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
A J C Mac a' Ghobhainn, Cathraiche
Christopher R Gow
Frederick B Whittemore

Bu mhath leinn taing shònraichte a thabhairn do dh'Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson an taic leantainnich do na taighean-tasgaidh againn.

Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Seumas G MacFhearghais, Cathraiche
Nigel K Cayzer
A' Bh-uas Onarach Caitlin Dalyell of The Binns OBE
A' Bh-uas Ealasaid Edward Jo Elliot
Dòmhnaill M Hardie OBE
Brus Minto
Màrtainn F Mac na Ceàrdaich
Iain Watt

Ma tha thu a' lorg barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn dol an-sàs anns an obair againn, no taic a chur ri the,
cuir fios chun an Sgioba Leasachaiddh air 0131 247 4095 no development@nms.ac.uk

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' gabhail cùram dheth cruinneachaidhean tasgaidhean aig a bheil cudrom aig ère eadar-nàiseanta, a' taisbeanadh agus ag eadar-mhìneachadh nan tasgaidhean dha farsaingeachd luchd-amais.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich
Taigh-tasgaidh Nàiseanta air Beatha Dhùthchail
Taigh-tasgaidh Cogaidh Nàiseanta
Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Chìtheart ar n-Aithisg Bhliadhnailean agus Cunntasan Slàna aig www.nms.ac.uk/review

Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba
Sràid nan Seòmar
Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789
info@nms.ac.uk
www.nms.ac.uk
Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, Carthannas Albannach, Àir. SC 011130

Tha an lèirmheas seo ri fhaighinn ann an cruth prionta mòr, ann am Braille agus air CD.